

Cluinnidh sibh am prògram ‘Dè tha Dol?’ a tha ga chraoladh air Radio nan Gàidheal.

Pàirt 1

Feasgar math dhuibh. 'S e oidhche Luain a th' ann agus seo *Dè tha Dol?*, am prògram a tha ag innse dhuibh mu chuid de na tachartasan a bhios a' gabhail àite air feadh na dùthcha. Bidh coinneamh bhliadhnail a' Chomuinn Ghàidhealaich a' gabhail àite ann an Inbhir Nis an-ath-oidhch'. Tòisichidh a' choinneamh aig leth-uair an dèidh seachd agus thèid a cumail ann an talla a' bhaile. Thèid comataidh ùr a thaghadh agus thèid beachdachadh air an obair a tha ri dèanamh eadar seo agus Mòd Nàiseanta na-ath-bhliadhn'. Bidh a' choinneamh fosgailte do neach sam bith aig a bheil ùidh ann an obair a' Chomuinn.

Pàirt 2

Thèid an leabhar ùr aig Sine Chaimbeul fhoillseachadh aig seachd uairean feasgar a-màireach ann an talla Phort Rìgh. Seo an treas leabhar aig an ùghdar. Innsidh Sine beagan mun leabhar an toiseach agus, an uair sin, cuiridh i a h-ainm ri leabhar sam bith a thèid a cheannach. Bidh cèilidh air a chumail ann an Steòrnabhagh Oidhche Haoine gus airgead a thogail airson Seirbheis nam Bàtaichean Teasairginn anns na h-Eileanan an Iar. Tòisichidh an cèilidh aig ochd uairean agus cosgaidh tiogaidean dà nota dheug aig an doras. Bidh seinneadairean ainmeil Gàidhlig an làthair leithid Eilidh Nic a' Ghobhainn agus Iain Murchadh MacDhòmhnaill.

Pàirt 3

Cluichidh Leòdhas agus An t-Eilean Sgitheanach ann an cuairt dheireannach Cupa Ball-coise na Gàidhealtachd ann an Ullapul Disathairne. Tòisichidh an geam aig trì uairean feasgar. Cosgaidh ticeadan ochd not an duine agus gheibhear iad a' phàirc fhèin. Bidh an gèam cuideachd beò air Radio nan Gàidheal. Thèid seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Èideann aig trì uairean feasgar na Sàbaid. 'S e an t-Urramach Seumas MacRath a bhios os cionn na seirbheis. Thèid fàilte a chur air a h-uile duine agus bidh ti 's cofaidh ann às dèidh na seirbheis.